

8 Dàmhair 2024

A phàrant/neach-cùraim chòir

Anns an Fhaoilleanach 2024, dh'fhoillsich Luchd-sgrùdaidh an Rìgh litir air Àrd-sgoil MhicNeacail. Mhìnich an litir grunn raointean leasachaидh a dh'aontaich sinn leis an sgoil agus Comhairle nan Eilean Siar. O chionn ghoirid, mar as dòcha gu bheil fios agaibh, thadhail sinn air an sgoil a-rithist. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri daoine òga agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus luchd-obrach. Chuala sinn bhon cheannard agus luchd-obrach eile mu na ceumannan leasachaидh a tha an sgoil air a ghabhail. Thug sinn suil air raointean sònraichte a chaighd a comharrachadh sa chiad sgrùdadh. Mar thoradh air sin, fhuair sinn a-mach mun adhartas a tha an sgoil air a dhèanamh agus dè cho math 's a tha seo a' toirt taic do dh'ionnsachadh agus coileanadh dhaoine òga. Tha an litir seo a' mineachadh na lorg sinn.

Mar chùis èiginn, bu chòir do dh'àrd-stiùirichean obair còmhla ri luchd-obrach, agus an ùghdarris ionadail gus piseach a thoirt air càileachd an fhoghlaim do dhaoine òga san t-solar leasaichte. Bu chòir do luchd-obrach cuimseachadh air dèanamh cinnteach gu bheil dhaoine òga uile a' faighinn cothrom air eòlasan foghlaim buntainneach a tha air an deagh phlanadh agus a tha gan toirt an sàs san ionnsachadh aca.

Chaidh prìomh thidsear le uallach airson an t-solair leasaichte fhastadh san Ògmhios 2024. Còmhla ri àrd-stiùirichean, tha i a' tòiseachadh a' stèidheachadh a dreuchd taobh a-staigh na sgoile. Tha luchd-obrach deimhinneach gun toir an dreuchd seo ceannardas agus taic do leasachadh leantainneach. Thar an t-solair leasaichte, tha grunn raointean ann fhathast a dh'fheumas tuilleadh leasachaидh leithid mar a tha luchd-obrach gan cur an gnìomh, trèanadh luchd-obrach, dàimhean luchd-obrach agus conaltradh. Tha neo-làthaireachd luchd-obrach a' toirt buaidh air leantalachd ionnsachaидh agus taic do dhaoine òga. Tha tidsear clas ainmichte an urra a-nis aig trì clasaichean san t-solar leasaichte. Tha an dòigh-obrach leasaichte seo a' toirt prìomh neach-conaltraidh do dhaoine òga aig a bheil tar-shealladh air an ionnsachadh agus an adhartas aca. Bu chòir do luchd-obrach agus àrd-stiùirichean cumail orra a' leasachadh dreuchd thidsearan clas ainmichte gus dèanamh cinnteach gu bheil àite nas motha aca ann am planadh, measadh agus sgrùdadh an adhartais a tha dhaoine òga a' dèanamh.

Bidh cha mhòr a h-uile neach òg a' dol an sàs gu h-iomchaidh ann an leasanan agus a' dèiligeadh gu math ri ionnsachadh san t-solar leasaichte agus clasaichean prìomh-shruth. Bidh luchd-obrach a' cleachdadh raon modhan conaltraidh gu h-èifeachdach airson taic a thoirt do dhaoine òga gus roghainnean a dhèanamh agus cothrom fhaighinn air ionnsachadh. Tha deagh dhàimhean aig cha mhòr a h-uile neach-obrach le dhaoine òga agus tha iad a' tuigsinn am feumalachdan ionnsachaидh, meidigeach agus cùraim. Tha luchd-obrach air clàran-ama fa-leth a leasachadh do dhaoine òga a tha a' nochdadh am feumalachdan ionnsachaيدh agus taice sònraichte. Tha clàran-ama a' gabhail a-steach ionnsachadh san t-solar leasaichte agus ann an clasaichean prìomh-sruth le co-aoisean.

Airson beagan dhaoine òga aig na h-ìrean as sine, tha fòcas nas fheàrr air dèanamh cinnteach gu bheil iad a' faighinn theisteanasan nàiseanta agus a' leasachadh sgilean airson beatha taobh a-muigh na sgoile. Tha cothroman aig na dhaoine òga seo seo pàirt a ghabhail ann

an gnìomhan leithid obair shaor-thoileach, còcaireachd agus sgilean obrach. Feumaidh luchd-obrach dèanamh cinnteach gu bheil cothroman iomchaidh aig a h-uile neach òg aig na h-ìrean as sine air sgilean agus teisteanasan fhaighinn. Tha luchd-obrach a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e coileanaidhean dhaoine òga a chomharrachadh agus dèanamh cinnteach gu bheil iad air an gabhail a-steach ann am beatha agus obair na sgoile. Bidh daoine òga a-nis a' gabhail pàirt ann an cuirmean dhuaisean le co-aoisean prìomh-shruthach agus ann an tachartasan sgoile air fad leithid cuirm-ciùil na sgoile. Mar a chaidh a dhealbhadh, bu chòir do dh'àrd-stiùirichean agus luchd-teagaisg cumail orra a' dèanamh cinnteach gu bheil daoine òga san t-solar leasaichte air an gabhail a-steach agus a' dol an sàs uiread 's a ghabhas ann am beatha na sgoile san fharsaingeachd.

Dè thachras a-nis?

Tha an sgoil air adhartas a dhèanamh bhon sgrùdadadh thûsail. Bidh sinn a' conaltradh le Comhairle nan Eilean Siar a thaobh comas na sgoile a bhith a' leasachadh. Tillidh sinn a dhèanamh sgrùdadadh eile air an sgoil taobh a-staigh bliadhna bho thèid an litir seo fhoillseachadh. Bruidhnidh sinn ri Comhairle nan Eilean Siar mun sgrùdadadh seo. Nuair a thilleas sinn a sgrùdadadh na sgoile, sgrìobhaidh sinn thugaibh mar phàrantan a dh'innse mun adhartas a rinn an sgoil.

Monica Reilly
Neach-sgrùdaidh an Rìgh